

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Caisteal Dhùn Bheagain (2)

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.maclean@bbc.co.uk](mailto:rodny.maclean@bbc.co.uk). This is Litir 1,056. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 752 corresponds to Litir 1,056.*

Bha mi ag innse dhuibh mun Bhrataich Shìth no *Fairy Flag* aig Clann 'ic Leòid. Tha i ann an Caisteal Dhùn Bheagain anns an Eilean Sgitheanach. Tha trì stòiridhean eile ann mun bhrataich agus mar a thàinig i gu bhith cho cudromach do Chloinn 'ic Leòid.

Bha fear MacDhiarmaid, a bha na threabhaiche. Thug sìthiche bogsa dha airson a' chinn-chinnidh. Thug an treabhaiche am bogsa a Chaisteal Dhùn Bheagain. Bha a' Bhean-ualasal NicLeòid **air bhioran** faighinn a-mach dè bha am broinn a' bhogsa. Bha a' bhean-ualasal an dùil leanabh a bhith aice an ceann ùine gun a bhith fada. Ach, nuair a thug i sùil air a' bhrataich, 's ann a ghabh i eagal a beatha agus thòisich an spàirn-bhreith sa mhionaid! Agus nochd an leanabh goirid an dèidh sin. A rèir aithris, thachair an aon rud do na beathaichean gu lèir ann an dùthaich MhicLeòid – na bà, na làirichean, na caoraich agus na mucan. Bha breith gu leòr a' dol an latha sin!

Tha stòiridh eile ann mun bhrataich. Oidhche a bha seo, bha cuirm mhòr ann an Caisteal Dhùn Bheagain. Bha tè-altraim a' cumail sùil air mac òg a' chinn-chinnidh fhad 's a bha càch ri hòro-gheallaidh. Chuir i an leanabh na chreathail anns an t-seòmar aige anns a' phìos dhen chaisteal ris an canar Tùr nan Sìthichean no *Fairy Tower*. Bha e na chadal agus dh'fhalbh an tè-altraim a ghabhail pàirt anns a' chuir ann an daingneach a' chaisteil.

Fhad 's a bha i air falbh, dh'fhàs an gille an-fhoiseil. Bhreab e a phlaide dheth agus bha e a' fàs fuar. Thàinig sìthiche airson cobhair a dhèanamh air. Chuir e seàla shìoda timcheall a' ghille. Nuair a thill an nighean don t-seòmar, thog i an gille, fhathast leis an t-seàla timcheall air, agus dh'fhalbh i don chuir leis. Tuigidh sibh gum b' i an t-seàla a' Bhrataich Shìth. Nuair a chaidh an dithis a-steach **far an robh càch**, lionadh an seòmar le guthan shìthichean, ged nach fhaicte iad, agus iad a' seinn tàladh sònraichte.

Agus tha aon stòiridh eile ann. Uair a bha seo, phòs ceann-cinnidh nan Leòdach bean-shìth. Bha iad a' fuireach còmhla ann an tìr nan sìthichean. Bha an Leòdach ag iarraidh tilleadh do a mhuinntir fhèin. Leig iad soraidh le chèile aig an drochaid tarsainn an uillt aig Beul-atha nan Trì Allt. Canaidh daoine *Fairy Bridge* rithe ann am Beurla.

Thug a' bhean-shìth a' Bhrataich Shìth don cheann-cinnidh. Thuirt i ris, nam biodh e ann an èiginn aig àm catha, nach leigeadh e leas ach a' bhrataich a thoirt a-

mach agus a crathadh. Agus bhiodh buaidh aige. Ach thug i rabhadh dha nach obraicheadh i ach trì tursan.

A rèir muinntir a' Chaisteil, chrath an ceann-cinnidh a' Bhratach Shìth dà thuras ann an cath nuair a bha na Leòdaich ann an èiginn. Gach turas bha buaidh aca.

Agus ann an naoi ceud deug, trithead 's a naoi (1939) bha teine anns a' Chaisteal. Bha a' ghaoth àrd agus bha cunnart ann gum biodh an caisteal air a sgrios. Ach, nuair a thugadh a' Bhratach a-mach às a' chaisteal, 's ann a shocraich a' ghaoth agus chaidh an caisteal a shàbhaladh! Mas breug bhuam e, 's breug thugam e!

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Caisteal Dhùn Bheagain: *Dunvegan Castle*; treabhaiche: *ploughman*; cuirm: *feast*; breith: *birth*; daingneach: *keep (of castle)*; an-fhoiseil: *uneasy*; buaidh: *victory*.

**Abairtean na Litreach:** mar a thàinig i gu bhith cho cudromach do Chloinn 'ic Leòid: *how it came to be so important to Clan MacLeod*; am broinn a' bhogsa: *inside the box*; an dùil leanabh a bhith aice an ceann ùine gun a bhith fada: *expecting to have a baby in the near future*; thòisich an spàirn-bhreith sa mhionaid: *the labour began straight away*; na bà, na làirichean, na caoraich agus na mucan: *the cows, the mares, the sheep and the pigs*; bha tè-altraim a' cumail sùil air mac òg a' chinn-chinnidh: *a nurse was looking after the clan chief's young son*; fhad 's a bha càch ri hòro-gheallaidh: *while the others were having fun*; chuir i an leanabh na chreathail: *she put the baby in his cradle*; bhreab e a phlaide dheth: *he kicked the blanket off*; thàinig sìthiche airson cobhair a dhèanamh air: *a fairy came to help him*; chuir e seàla shìoda timcheall a' ghille: *he put a silk shawl around the lad*; lìonadh an seòmar le guthan shìthichean: *the room was filled with voices of fairies*; ged nach fhaicte iad: *although they couldn't be seen*; a' seinn tàladh sònraichte: *singing a special lullaby*; leig iad soraidh le chèile: *they farewelled each other*; phòs ceann-cinnidh nan Leòdach bean-shìth: *a MacLeod chief married a fairy woman*; tilleadh do a mhuinntir fhèin: *returning to his own people*, ann an èiginn aig àm catha: *in dire straits at a time of battle*; nach leigeadh e leas ach a' bhratach a thoirt a-mach agus a crathadh: *that he would only need to take out the flag and wave it*; nach obraicheadh i ach trì tursan: *that it would only work three times*; bha cunnart ann gum biodh an caisteal air a sgrios: *there was a danger that the castle would be destroyed*; 's ann a shocraich a' ghaoth: *the wind abated*; mas breug bhuam e, 's breug thugam e: *if it's a lie from me, it was a lie to me*.

**Puing-chànain na Litreach:** nuair a chaidh an dithis a-steach **far an robh càch**: *when the pair went in where the others were*. *Far* can be translated as 'where' but it is only used with (a dependent form of) a verb. Seo far am bi mi a-màireach (am bi rather than bidh or bhios); seo far an suidh sinn 'here's where we'll sit'; sin far an do thiodhlaic mi an t-ionmhas 'that's where I buried the treasure'.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Bha a' Bhean-ualasal NicLeòid air bhioran: *Lady MacLeod was excited*.

*Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA*